

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Dihaoine 8 Dùbhlachd 2023 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr R Bremner

Mgr I MacIlleDhuinn

A' Bh-uas I Chaimbeul (air astar)

A' Bh-uas S Fanet (air astar)

Mgr I Grafton

Mgr P Logue (air astar)

Mgr U MacAoidh (air astar)

Mgr D Mac a' Mhuilleir (air astar)

Mgr C Rothach

A' Bh-uas L Niven (air astar)

A' Bh-uas M NicPheadrais (air astar)

Neo-bhuill cuideachd an làthair:

Mgr I MacFhionnlaigh

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr D MacIlleDhuinn, Àrd-Oifigear

Mgr P Nevin, Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail, Coileanadh agus Riaghlachas

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh, Foghlam agus Ionnsachadh (air astar)

A' Bh-uas S NicIllinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach

(air astar)

A' Bh-uas M Mhoireach, Prìomh Oifigear Comataidh

A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

Cuideachd an làthair:

Mgr D MacCoinnich, Leasachadh Sgilean na h-Alba

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

Gnothach

1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Ghabhadh leisgeul às leth Mhgr C Aitken, na M-uas M Nolan agus Mhgr R Stiùbhairt.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

Cha robh Foillseachaidhean Com-pàirt sam bith ann.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan Aithris Fhollaiseachd a leanas:-

3. Naidheachdan Matha

Chaidh taisbeanadh a thoirt dhan Chomataidh agus thug an Cathraiche seachad na [naidheachdan](#) matha a leanas:-

- Bha Duolingo ri fhaotainn a-nis air innealan Chromebook uile na Comhairle;
- Chaidh innse mu shoirbheachas sgoilearan na Gàidhealtachd aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail;
- Soirbheachas Sgoil Eco Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar – bha Clas 4/5 air obrachadh cruaidh gus inbhe Brataich Uaine a choileanadh airson na sgoile aig deireadh an t-seisein mu dheireadh;
- Soirbheachas a' Chultarlainn – bha an t-Ionad Cultair Gàidhlig air fosgladh às dèidh dhan Eaglais an Ear ann an Inbhir Nis a bhith air a ceannach;
- Bha Sgioba na Gàidhlig a' cur cùrsa trèanaidh air dòigh do chomhairlichean Comataidh na Gàidhlig an toiseach agus dheidheadh a leudachadh an uair sin air feadh na Comhairle;
- Siuthad! 2023 – air a cho-libhrigeadh le Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Comhairle na Gàidhealtachd, bha còrr is 120 sgoilear an làthair aig an tachartas dreuchdail FtG, a' siubhal bho 7 àrd-sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd;
- Chaidh seiseanan fiosrachaidh Foghlam tron Ghàidhlig a chumail do phàrantan ann am Baile Dhubhthaich agus Inbhir Pheofharain;
- Pròiseact ainmean-àite Facal is Fearann – Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, Sgoil Stafainn agus Àrd-Sgoil Phort Rìgh;
- Tachartas Spòrs Gàidhlig air a' bhàr a-muigh le Àrd-Sgoil Gheàrrloch;
- Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean – bha Comhairle na Gàidhealtachd air teamplaid a leasachadh airson beachdachadh air buaidh leasachaidhean san àm ri teachd air coimhearsnachdan nan eilean;
- SMO@50 – chaidh consairt a chumail airson seo a chomharrachadh air 1 Dùbhlachd 2023;
- An Deasbad Nàiseanta – chaidh meal an naidheachd a chur air Àrd-Sgoil Phort Rìgh; agus
- Chaidh pannal-fiosrachaidh ùr Gàidhlig a chur suas aig sgeama Dealan Nis air Abhainn Nis. Tha fiosrachadh air aon taobh dhen phannal mun abhainn fhèin agus mu ainmean-àite a' buntainn rithe, agus tha abairtean is faclan Gàidhlig a' buntainn ri aibhnichean air an taobh eile. Tha am pannal ùr a' cur ris a' Ghàidhlig air an làraich.

Rinn buill moladh mòr air na gnìomhan, soirbheachasan is coileanaidhean a bha a' gabhail àite. Bha seo a' sealltainn gun robh a' Chomhairle a' dèanamh obair mhòr mar phàirt de Phlana na Gàidhlig 4 agus gun robh buaidh mhath aig a seo air daoine òga agus coimhearsnachdan. A thaobh Duolingo, bha 1.5 millean neach a-nis ag ionnsachadh na Gàidhlig air Duolingo bhon a chaidh a chur air bhog agus b' e deagh naidheachd a bha sin.

4. Taisbeanadh – Leasachadh Sgilean na h-Alba: Slighean agus Cothroman Dreuchdail Gàidhlig

Thug Mgr D MacCoinnich, Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS), seachad taisbeanadh dhan Chomataidh mu Shlighean agus Cothroman Dreuchdail Gàidhlig agus chaidh mìneachadh gun robh SDS an-dràsta air an treas deasachadh dhen Phlana Ghàidhlig aca, a' togail air na dreuchdan roimhe. Bha SDS a' cur shlighean dreuchdail Gàidhlig air adhart agus a' brosnachadh na Gàidhlig san àite-obrach ann an grunn dhòighean, ach chaidh iomradh sònraichte a thoirt air Siuthad! 2023 – tachartas dreuchdan Gàidhlig a bha a-nis san deichead bliadhna aige. 'S e amas Siuthad! sgoilearan a bhrosnachadh gus leantainn air adhart leis a' Ghàidhlig san sgoil agus sealltainn dhaibh gun robh raon farsaing de dhreuchdan fiachail ri fhaotainn. Chaidh bhidio YouTube a bha a' sealltainn soirbheachas Siuthad! 2023 a chluiche.

Rè na deasbairich, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Chaidh taing a thoirt do Mhgr MacCoinnich airson taisbeanadh inntinneach is fiosrachail a thoirt seachad agus seo cuideachd a' sealltainn gun robh sàr obrachadh com-pàirteach air a bhith ann;
- Bha e math gun robh raon farsaing bhuidhnean a' tighinn còmhla gus a' Ghàidhlig a chur air adhart;
- Ged a bhathar mothachail mu na cothroman a bha rim faotainn, bha e cudromach aire a tharraing cuideachd gu na dreuchdan aig nach robh fòcas sònraichte air a' Ghàidhlig, a leithid plumaireachd is saorsainneachd, airson sealltainn gun robh a' Ghàidhlig an lùib obair làitheil. Mar fhreagairt, chaidh innse gun robh feadhainn a tha ag obair ann an cùram-slàinte agus oifigearan poileis air taisbeanaidhean a thoirt do Shiuthad! airson sealltainn gum b' urrainnear a' Ghàidhlig a chleachdadh air stèidh làitheil;
- Chaidh faighneachd, agus chaidh dearbhadh fhaighinn, gun robh beàrnan obrach air an sanasachd aig Siuthad! 2023; agus
- Nuair a bhathar a' leudachadh sheirbheisean, agus nuair a bha daoine feumach air cùram-slàinte, chaidh togail gun robh e gu tric na b' fhasa dhaibh còmhradh nan cànan dùthchasach.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

5. Siuthad! – Tachartas Dreuchdan Gàidhlig 2023

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/18/23 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg agus thug iad taic do thachartas Siuthad!; agus
- ii. **DH'AONTAICH** iad leantainn air adhart a' brosnachadh àrd-sgoiltean sa Ghàidhealtachd a bhios a' libhrigeadh curraicealam Gàidhlig an tachartas a fhrithéaladh.

6. Coileanadh mu Choinneimh Plana na Gàidhlig 3 (PnG3)

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/19/23 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Thug an aithisg seo am follais an naidheachd mhath a thaobh mar a bha Comhairle na Gàidhealtachd a' coileanadh agus, a-rithist, sàr-obair na Comhairle ann a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig agus ann a bhith a' buileachadh amasan Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Ach, cha robh ach mìos air fhàgail gus am biodh a' Chomhairle a' cur Plana na Gàidhlig 4 (PnG4) air bhog agus bhathar ag aithneachadh fad is farsaing gur i Comhairle na Gàidhealtachd a' phrìomh chomhairle a thaobh maoinachadh gach pearsa airson Foghlam tron Ghàidhlig. Mar thoradh, chuireadh a' Chomhairle fàilte air fios bho Bhòrd na Gàidhlig a thaobh mar a bhiodh iad an dùil a' Chomhairle a chuideachadh a thaobh PnG4 a chur air bhonn. B' e plana làidir a bh' ann am PnG4 ach bhiodh fàilte air fiosrachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, a thaobh cuin a dheidheadh gabhail ris.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

7. Fèis BHLAS 2023

Aithris Fhollaiseachd: thug Mgr C Rothach seachad Aithris Fhollaiseachd a thaobh an nì seo seach gun robh e na urrasair air aitreabh anns an deach dà thachartas Fèis BHLAS a chumail agus seach gun robh ball teaghlaich air nochdadh ann an aon de na tachartasan seo ach, às dèidh dha an deuchainn neo-chlaon a chur an gnìomh, cha robh e dhen bheachd gun robh ùidh aige ri fhoillseachadh.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/20/23 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Bha e math faicinn gun robh BLAS a' leantainn air adhart agus gun robh an fhèis air a dhol bho neart gu neart thar nam bliadhnaichean. Ach, bha e cudromach gun robh BLAS air a cur air adhart air feadh na Gàidhealtachd agus bha e na adhbhar misneachd gun robh cuid dhen luchd-ealain air a dhol gu sgoiltean ionadail tron tachartas;
- Bha a bhith a' toirt aoigheachd do thachartas a' toirt buannachd do choimhearsnachd agus chaidh ceist a thogail mun dòigh san robhar a' coileanadh sin. Ach, chaidh mìneachadh gun robh grunn nithean ann air am feumaiste beachdachadh, a leithid luchd-ealain a bha rim faotainn, co-dhiù a bha tallaichean freagarrach, agus am maoinachadh a bha ri fhaotainn. Bha tachartasan rim faotainn air-loidhne cuideachd; agus
- Chaidh brosnachadh a thoirt do bhuill tachartasan BLAS a fhrithealadh agus faicinn dhaib' fhèin cho math 's a bha iad.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

8. Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/21/23 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- Chaidh dragh a thogail mu Chròileagan Inbhir Pheofharain. Bha dleastanas aig a' Chomhairle a' Ghàidhlig a chur air adhart ach chaidh beachd a thoirt seachd nach robh i a' dèanamh sin aig an àm seo ann an Inbhir Pheofharain. Chaidh Cròileagan Inbhir Pheofharain a stèidheachadh o chionn 30 bliadhna agus bha i gu mòr na h-oidhirp coimhearsnachd. Bha e na bhriseadh-dùil, mar sin, nach b' urrainnear an togalach a chleachdadh agus gun deach a' chlann a ghluasad gu àite eile ach gu aonadan far nach robh bogadh iomlan sa Ghàidhlig. Bha eagal ann gun toireadh seo briseadh air an sgìlean cànan. Mar fhreagairt, chaidh dearbhadh gun robh a' Chomhairle a' fastadh dà neach-stiùiridh thràth-bhliadhnaichean. Ach, san eadar-àm, bha e cudromach coinneachadh ri inbhean Coimisean a' Chùraim agus bha obair a' dol air adhart gus na h-atharrachaidhean riatanach a dhèanamh ris an togalach. Mar thoradh, dh'fheumadh an luchd-stiùiridh thràth-bhliadhnaichean obrachadh le bhith a' siubhal eadar àiteachan an toiseach. A dh'aindeoin seo, bha a' Chomhairle ag aithneachadh cho cudromach 's a bha e dèanamh cinnteach gun robh slighe cheart ann airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) 3-18 ann an Inbhir Pheofharain. Bha e cudromach gun robhar a' cumail fios ri buill agus ri pàrantan mun phròiseas a thaobh a bhith ag ath-stèidheachadh a' Chròileagain air ais san aitreabh aice agus bha oifigearan ag obair cruaidh gus am biodh seo stèidhichte cho luath 's a ghabhadh;
- Bha e cudromach toirt fa-near gum biodh dùbhlain an lùib a bhith a' toirt a-steach Gàidhlig sna tràth-bhliadhnaichean agus mar sin bha feum air tuigse mun a seo gus taic a thoirt do choimhearsnachdan. Bha seasmhachd cudromach agus bha seo na fhòcas a thaobh PnG4;
- Bha buill a' coimhead air adhart ri sgrùdadh so-dhèantachd solar 3–18 FtG airson Inbhir Nis agus bha dùil ris an aithisg dheireannaich anns a' Ghearran 2024; agus
- Anns an t-Samhain 2023, bha a' Chomhairle air iarrrtas fhaighinn bho phàrantan airson FtG bun-sgoile ann an Loch Àlainn. A rèir stiùireadh reachdail bha measadh tùsail gu bhith air a dhèanamh agus dheidheadh fiosrachadh mu adhartas a thoirt do Chomataidh na Gàidhlig aig coinneamhan san àm ri teachd. Bha seo a' sealltainn gun robh daoine fa leth air obair mhòr a dhèanamh airson a' Ghàidhlig a bhrosnachadh agus airson dèanamh cinnteach gun robh i follaiseach san sgìre. Dh'fhaodadh solar FtG ann an Loch Àlainn barrachd chloinne a thoirt chun na sgoile ach bha cion taigheadais san sgìre na dhùbhlain. Bheireadh solar FtG cothrom math dèiligeadh ris an t-suidheachadh.

Aig an àm seo bhruidhinn an t-Àrd-Oifigear ris a' Chomataidh, a' bruidhinn an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, agus chuir e cuideam air cho cudromach 's a bha an cànan do dh'eaconamaidh na Gàidhealtachd.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan chunntas eadar-amail a thaobh Sgrùdadh So-dhèantachd Foghlam Gàidhlig 3–18 Inbhir Nis; agus

- ii. dhan phròiseas cho-chomhairleachaidh agus dhan chunntas às ùr a thaobh solar Foghlam tron Ghàidhlig airson Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain agus Inbhir Narann.

9. Maoin nam Planaichean Gàidhlig agus Builean PnG

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/22/23 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Bha Maoin nam Planaichean Gàidhlig air a dhol an àite Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF). Bha na pròiseactan seo cudromach seach gun robh iad a' cur taic ri obair eile a bha a' Chomhairle a' dèanamh a thaobh a bhith a' libhrigeadh cothroman do chloinn is do theaghlaichean agus a' tabhann cothrom air ceangal a thogail leis a' Ghàidhlig;
- Bha dùbhlain agus cothroman mu choinneimh na Comhairle a thaobh mar a bheireadh i taic do FtG. Bha maoin eachadh cudromach ach cha b' urrainn dhan Chomhairle pròiseactan a libhrigeadh mura biodh goireasan, a leithid luchd-obrach, rim faotainn;
- Bha na pròiseactan seo a' toirt am follais nan nithean a bharrachd a bha seo a' tabhann agus na ghabhadh dèanamh ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan;
- Dh'fheumadh cothrom a bhith aig luchd-ionnsachaidh an cànan a bhruidhinn air stèidh làitheil airson adhartas a dhèanamh agus chaidh moladh gum bu chòir do Chonaltradh Corporra beachdachadh air facal Gàidhlig an latha fhoillseachadh; agus
- Bha luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' cumail a' chànain beò agus bhathar an dòchas gun cumadh sgoilearan 3-18 FtG orra a' bruidhinn na Gàidhlig nuair a dh'fhàgadh iad an cuid foghlaim.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.10f.